

Flòraidh a' sàbhaladh



An teacs a Narinder Dhami
Na dealbhan Jeffrey Reid
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Fada, fada shìos fon mhuir
bha rìoghachd sheunta.

An sin bha Flòraidh, a' mhaighdean-mhara,
agus Murchadh, an gille-mara, a' fuireach.



Aon latha thuir Flòraidh ri Murchadh,
“Nach cluich sinn falach fead?
Falaich thusa agus cunntaidh mise.”




Shnàmh Murchadh air falbh
a dh'fhalach. Chunnaic e rudeigin
mòr dubh. Bha e coltach ri uaimh.
“Falaichidh mi an seo,” ars esan.





Shnàmh Murchadh a-steach dhan uaimh.
“Cha lorg Flòraidh mi an seo,”
thuirt e.





Choimhead Flòraidh airson Mhurchaidh.
Choimhead i fo chloich.



Choimhead i san fheamainn.



Choimhead i ann an slige mhòir.
Ach cha robh Murchadh an sin.



An uair sin chunnaic Flòraidh iasg.
Chunnaic i eich-mhara agus
Craos Mòr, a' mhuc-mhara.
Ach chan fhaca i Murchadh.




Bha Flòraidh a' fàs crosta.

“Càite bheil thu a Mhurchaidh?”

dh'èigh i.

“Tha mi san uaimh!” dh'èigh Murchadh.



Ach cha robh Flòraidh a' faicinn uaimh.
Cha robh i a' faicinn ach Craos Mòr,
a' mhuc-mhara.



Dh'èigh Flòraidh ri Murchadh,
“Chan eil thu san uaimh.
Tha thu am broinn Craos Mòr,
a' mhuc-mhara!”



“Haidh! Cuidich mi!”

dh’èigh Murchadh.

“Chan fhaigh mi mach à seo.”



Dìreach an uair sin dh'fhosgail
Craos Mòr a beul.
“Mach a-nis!” dh'èigh Flòraidh.
Shnàmh Murchadh a-mach
sa mhionaid a dh'fhosgail
Craos Mòr a sùilean.




Bha Craos Mòr crosta.
 Dh'fheuch i ri an glacadh.
 "Greas ort," arsa Flòraidh.
 "Mach à seo leinn."





Shnàmh Flòraidh agus Murchadh a-steach
fo chloich far nach fhaiceadh Craos Mòr iad.



Choimhead Craos Mòr sa h-uile àite,
ach cha do lorg i iad.
Shnàmh i air falbh glè chrosta.



“An tèid mise am falach orts a-nis?”
arsa Flòraidh.

“Cha tèid gu dearbh,” thuirt Murchadh.
“Trohad dhachaigh.”

